
PRVDENTIA·PRÆSTAT
EX·LIBRIS
HEW·MORRISON

6. 8

H.M. 9 (1-4).

[illegible] 300.

NATIONAL LIBRARY OF SCOTLAND

NATIONAL LIBRARY
B
26 MR
1935
OF SCOTLAND

LAURISTON CASTLE
LIBRARY ACCESSION

264

ASSURANCE BEATHA

A Chomuinn Albannaich

LE CRIOCHAN
Limited

Meur Caomhnuidh a Ghnothuich

Ullachadh airson Teaghlaich agus airson sean aois, air a dheanamh cinnteach le beagan a phaigheadh miosail

AN T-ARDTHIGH GNOTHUICH
ANN AN 26 SRAID DHEORSA
DUNEIDEAN
1882

THE

SCOTTISH LIFE

ASSURANCE COMPANY

LIMITED.

HEAD OFFICE: Edinburgh, 26 George Street.

Capital, £500,000.
First Issue £250,000, fully Subscribed.

Board of Directors.

JOHN COWAN, Esq., Beeslack, *Chairman.*
EDWARD L. I. BLYTH, Esq., C.E., Rothesay Terrace.
DAVID DICKSON, Esq., Ex-Master of the Merchant Company.
A. B. FLEMING, Esq., Hillwood, Corstorphine.
JAMES GREENHILL, Esq., Banker, Regent Terrace.
ROBERT LOCKHART, Esq., Royal Terrace.
JAMES MACDONALD, Esq., W.S. (Messrs. Auld & Macdonald).
DUNCAN M'LAREN, Jun., Esq., Merchant.
J. DUNCAN SMITH, Esq., S.S.C., Buckingham Terrace.
J. HAY THORBURN, Esq., Merchant, Leith.

BANKERS.
THE CLYDESDALE BANKING COMPANY, Edinburgh and London.

AUDITOR.—JAS. ALEX. ROBERTSON, C.A.

MEDICAL OFFICERS.
Professor GRAINGER STEWART, M.D., *Consulting.*
J. GRAHAM BROWN, M.D., 63 Castle Street, *Ordinary.*

SOLICITORS.—MACRAE, FLETT, & RENNIE, W.S.

MANAGER.—DAVID PAULIN.

ACTUARY & SECRETARY.—JAMES SORLEY, F.I.A., F.F.A.

Meur Caomhnuidh na *Insurance* Albannaich.

Tha am Meur so air a steigheachadh a chum a bhith coinneachadh dith shonruichte a bha 'n ar duthaich le bhi toirt cothrom do 'n mhor-shluagh aig nach 'eil ach tuarasdail chuimseach air *Insurance* Beatha agus air ullachadh a dheanamh airson sean aois ni nach robh gus a so an comas neach ach iadsan a b'urrain suim mhor a phaigheadh aig aon àm. Tha am Meur so a gabhail aite meadhonach eadar na Comuinn *Insurance* Chumanta agus iadsan ris an abrar na *Industrials*. Tha am Meur so a toirt araon na sochairean a gheibhear o na Comuinn Choitchean, agus an cothrom paighidh a gheibhear o chach ann a bhi 'gabhail an airgid bicheanta agus na bheagain.

Tha am Meur so Cinnteach.

Cha'n'eil ni ann is sonruichte do neach a tha dol a dheanamh gnothuich ri Comunn *Insurance* air bith na lan dearbheachd a bhi aige air a bhi ag earbsa

a chuid ri Comunn cinnteach. Is minic a chaill daoine bochd caomhna bhliadhnachan le bhi a'g earbsa an cuid ri commuin a thuit gu lar a chionn 's nach robh iad air an giullan air aghaidh air bonn ceart no a reir riaghailtean diongmhalta. Tha dearbh-chinnt air a chommun so a bhith sabhailte. Tha aca Calpa sgriobhta do 'n cheathramh cuid do mhuillean. Tha leth-cheud mile dhe so air a phaigheadh a suas. Tha mar-an-ceudna fichead mile an lamhan a ghovernment airson feum sonruichte na dream aig am beil *policy* airson *Insurance* Beatha uapa, agus leis a mheas ghlic a tha air a dheanamh le ard-chleirich air gach cuis a bhuineas don ghnothuch a reir gach riaghailt is uire agus is earbsaiche a th' ann, cha'n'eil teagamh nach eil commun Albannach *Insurance* na Beatha a tairgse lan bharantas air gum paigh iad gach fiach a bhios orra gu h-iomlan.

A Paigheadh Phremiums bheaga Miosail.

Tha na *premiums* ri phaigheadh miosail. Tha iad ri bhi air am paigheadh air a cheud latha de gach mios, ach bheirear dàil seachad gus a cheud latha do 'n ath mhios. Tha na *premiums* so air an cur an ordugh le morchùram, tha iad co beag sa ghabhas e deanamh le tearuinteachd, agus le earrain do 'n bhuannachd a bhith air a deanamh cinnteach seolaidh an clar a leanas duinn an t-shuim a phaighear aig bàs leis a Chomuinn so airson dà thastan anns a mhios de *phremium* agus mar-an-ceudna an t-shuim

a phaighear airson sia-sgillinean 's an t-sheachduin leis an te is fearr de na *Industrials.*

Aois.	An Comunn so.	Industrial.
20	£61 10 0	£49 16 0
30	48 0 0	36 12 0
40	36 8 0	26 8 0
50	25 16 0	18 0 0
60	16 18 0	11 8 0

On chlar so chith sinn gu 'm beil an Comunn so a paigheadh—am pairt a cheile—trian a chòr air an Industrial, ged a tha sinne a toirt seachad roinn de 'n bhuannachd, ni nach eil iadsan a toirt seachad idir.

Roinn na Buannachd.

Tha $\frac{4}{5}$ do bhuannachd a mheoir so air a roinn a measg na muinntir aig am beil na *policies* agus 'o nach 'eil am meur so a paigheadh ach earran do chostuis a ghnothuich gu h-iomlan tha e air a mheas gum beil iad ann an seasamh nis fearr a thaobh airgid no bhiodh iad le 'meur *Insurance* a chaomhnuidh' a bhi air a bhonn fein a mhain—a roinn am buannachd fein gu h-iomlan a measg am buill fein, agus a chòr air a so tha do chothrom aca gum beil gach suim a tha iad ag *Insuradh* air a dheanamh cinnteach dhoibh.

Coimeas air a tharruing eader policies a ghovernment agus feadhainn a Chomuinn so.

Tha aig a *ghovernment* — anns a *Phost-Office premiums* mhiosail 'g am paigheadh, agus chith

sinn o 'n chlàr a leannas co dhiu is mò buannachd do 'n fhear paighidh a chuid a thoirt doibhsan no dhuinne le dà thastan anns a mhios a phaigheadh.

Aois.	An Commun so.	Am Post Office.
20	£61 10 0	£59 8 5
30	48 0 0	46 1 10
40	36 8 0	34 1 0
50	25 16 0	23 13 0
60	16 18 0	15 5 0

Feudar fhaicinn nach 'eil an t-eadardhealachadh co mor eadar sinn fein agus i so 'sa tha e eader sinn fein agus na Industrials, ach gidheadh is ann am fabhar a Chomuinn againne a tha ann beagan a th' ànn agus cha'n'eil an *government* a toirt earran air bith do 'n bhuannachd do mhuinntir na 'm *policies* ge be cia fada sa bhios iad beo, cha 'n fhaigh iad roinn air bith dhe. Ged a bhitheadh buannachd mhor anns a ghnothuch cha teid na *premiums* aca nis eutroime agus cha mho a theid suim a *pholicy* a mheudachadh, cha 'n ann mur sin a tha ann am meur caomhnuidh a Chomuinn so. Cha 'n e a mhain gum beil sinn a gealltuinn tuille a phaigheadh aig bàs, agus a toirt làn bharantas air gun teid sin a phaigheadh ach mur an ceudna gum beil muinntir na 'm *policies*—feudar a radh—a faotuinn na buannachd gu h-iomlan na 'm measg fein. Tha a chòir so air a bhuannachd na ni' ro luachmhor agus anns am beil fior thairbhe. Tha e mar an ceudna a toirt air gach ball curam a ghnothuich a bhi air fein ann an doigh shonruichte oir tha fios aig gach aon gu 'm beil e 'g oibreachadh

air a shon fein agus a meudachadh a bhuannachd fein a nuair a tha e a toirt a chairdean gu bhi na 'm buill do 'n Chomunn. Agus a nise chith sinn mur a tha a bhuannachd so air a roinn.

Doigh roinn na Buannachd.

Tha buannachd na 'm *policies* ghnathaichte mur tha iad againn ann an Clàr 1, air an co-chur ann an doigh 's nach bith *premium* idir ri phaigheadh anns na bliadhnachan mu dheireadh do 'n bheatha—se sin ri radh, a nuair a thoisicheas neach ri paigheadh, tha aois air a sonruchadh aig an sguir e a phaigheadh phremiums—a reir na n-aois a bhitheas e a nuair a thoisicheas e ri paigheadh agus a reir na buannachd a bhios ri roinn. A rithisd aig na n-uile àm roinn buannachd an deigh sin bithidh aois nis oige air a sonruchadh aig an sguirear a phaigheadh na 'm *premiums*. Agus mu dheireadh a nuair a bhios am *policy* saor theid a bhuannachd a cho-chur na leithid do dhoigh agus gum feudar an t-shuim gu leir a phaigheadh ri uine do an neach fein an aite a phaigheadh gu chàirdean an deigh a bhàis. Tha sinn a faicinn mar so gum beil sochair dhubailt, ann an '*Insurance* a chaomhnuidh,' le a bhi ag ullachadh airson an teaghluich agus mar-an-ceudna airson sean aois.

Anns an dara clàr tha a bhuannachd agus suim a *pholicy* gam paigheadh do 'n neach fein an ceann bliadhn' thair fhichead no an ceann aona bliadhn' deug thair fhichead, no aig bàs, mu thig e air a neach an taobh a stigh do 'n uine tha air a sonruchadh.

Cinnt air nach Caillear na Sochairean so.

Tha an Comunn so a toirt ga luchd paighidh miosail tuille barantas air nach caill iad, na tha Comuinn eile a toirt ga 'n luchd paighidh bliadhnail.

Mur so an deigh do *pholicy* luach araid a ruighinn cha chaillear e ged a bhitheadh dearmad air a dheanamh air na *premiums* a phaigheadh aig ceann a mhios grais a tha air a luthasachadh airson sin a dheanamh.

Mur a teid a luach a thagairt ann an airgiod no air doigh air bith eile cha chaillear e agus cha mhò theid a luach an luthad. Paighidh an Comunn iad fein na *Premiums* agus cumaidh iad a suas e na làn luach o mhios gu mios co fad 's a tha a luach o 's cionn na tha mar so ga phaigheadh air a shon.

Air an doigh so cha 'n urrainn do *pholicy* air bith anns am beil gne do luach a bhi air a chall le dearmad a bhi air a dheanamh air a *Phremium* a phaigheadh, agus suim air bith a tha mar so air a phaigheadh leis a Chomunn, gabhar e a rithisd o fhear a *pholicy* a nuair a thoisicheas e fein ri paigheadh na 'm *Premiums*, air neo feudaidh an t-shuim luidhe na fhiachan air a pholicy le riadh a phaigheadh air a shon.

Policies air an toirt a suas do 'n Chomunn airson airgid no airson Policies air an lan phaigheadh a suas.

An deigh do *pholicy* mairsinn tri bliadhna feudaidh e bhi air a thoirt a suas do 'n Chomunn airson suim airgid no airson *policy* saor—airson am beil na pre-

miums uile air am paigheadh a suas. Bith an luach airgid a bheirear air an son co mòr sa ghabhas e deanamh ach cha ghabh riaghailt shonruichte air bith deanamh mun chuis—feudaidh sinn a radh gidheadh fu chlàr 1 nach bi e uair air bith nis lutha no trian do na *premiums* a chaidh a phaigheadh a mach o 'n cheud bhliadhna.

Fu 'n 2 agus an 3 clàr bith an t-shuim nis mò na sin.

Gheibhear tuille luach le *policy* saor a ghabhail an iomlaid an aite an airgid. Fu 'n dara agus an treas clàr chithear gu 'm beil na h-uile paigheadh an deigh a cheud aon, a deanamh cinnteach earrain do 'n t-shuim a tha air a h-*Insuradh* air chor 's gum feud iadsan aig am beil *policy* a chunntas aig àm air bith dé 'n luach a tha aca fu chomhair policy a tha air a phaigheadh a suas fhaotuinn cha'n eil iad so air an toirt seachad airson suim nis lutha na ochd puind Shassunach.

Airgead Iasaid.

Tha airgiod iasaid air a thoirt seachad air urrais na 'm policies gu uigh $\frac{9}{10}$ don luach aig an gabh iad toirt air ais do 'n chommun ach cha 'n fheud an t-shuim a bhi fu cheithir puind Shassunach.

Gach agartas air a Phaigheadh gun dail.

An aite a bhi Cumail dhaoine a feitheamh airson an coir fad tri no sia miosan tha an Comunn, so a paigheadh gach agartas dligheach co luath sa tha an gnothuch air a dhearbhadh gu riarachadh an luchd riaghlaidh.

Meur na Stuamachd.

Tha luchd-riaghluidh a Chomuinn a toirt meur air leth dhoibhsan nach eil a blasad air deoch laidir air bith, a chum mu bhios nis lutha' do bhàis na 'm measg, gum faigh iad fein a bhuannachd sin. Paighidh iad so an t-aon *phremium* ri cach ach theid meas air leth a dheanamh air a bhuannachd a tha ag eiridh o 'n cuid airgid agus bith roinn aır a deanamh a reir sin a measg buill a mheoir so.

Clàr I.

POLICIES GHNATHUICHTE LE BUANNACHD.

Premiums Mhiosail *adh Insuradh* £50 *no* £100 *aig Bàs.*

Aois air an ath latha breith.	Suimeanan. £50	Suimeanan. £100	Aois air an ath latha breith.	Suimeanan. £50	Suimeanan. £100	Aois air an ath latha breith.	Suimeanan. £50	Suimeanan. £100
	s. d.	*s. d.*		*s. d.*	*s. d.*		*s. d.*	*s. d.*
15	1 6	3 0	30	2 1	4 2	45	3 3	6 6
16	1 7	3 1	31	2 2	4 3	46	3 5	6 9
17	1 7	3 1	32	2 3	4 5	47	3 6	7 0
18	1 7	3 2	33	2 3	4 6	48	3 8	7 3
19	1 7	3 2	34	2 4	4 8	49	3 9	7 6
20	1 8	3 3	35	2 5	4 9	50	3 11	7 9
21	1 8	3 4	36	2 6	4 11	51	4 1	8 1
22	1 9	3 5	37	2 6	5 0	52	4 3	8 5
23	1 9	3 6	38	2 7	5 2	53	4 5	8 9
24	1 10	3 7	39	2 8	5 4	54	4 7	9 1
25	1 10	3 8	40	2 9	5 6	55	4 9	9 6
26	1 11	3 9	41	2 10	5 8	56	5 0	9 11
27	2 0	3 11	42	3 0	5 11	57	5 3	10 5
28	2 0	4 0	43	3 1	6 1	58	5 5	10 10
29	2 1	4 1	44	3 2	6 4	59	5 8	11 4

Clàr II.

Premiums Mhiosail *air am paigheadh re bliadhn' thar fhichead, no aona bliadhn' deug thair fhichead—le Buannachd—airson £100 a dheanamh cinnteach aig Bàs.*

Aois air an ath latha breith.	31 Bliadhnachan.	21 Bliadhnachan.	Aois air an ath latha breith.	31 Bliadhnachan.	21 Bliadhnachan.	Aois air an ath latha breith.	31 Bliadhnachan.	21 Bliadhnachan.
	s. d.	*s. d.*		*s. d.*	*s. d.*		*s. d.*	*s. d.*
15	3 8	4 7	25	4 4	5 4	35	5 4	6 4
16	3 9	4 8	26	4 5	5 5	36	5 5	6 6
17	3 10	4 9	27	4 6	5 6	37	5 6	6 7
18	3 10	4 10	28	4 7	5 7	38	5 8	6 9
19	3 11	4 10	29	4 8	5 8	39	5 9	6 10
20	3 11	4 11	30	4 9	5 9	40	5 11	7 0
21	4 0	5 0	31	4 10	5 11	41	6 1	7 2
22	4 1	5 1	32	4 11	6 0	42	6 3	7 4
23	4 2	5 2	33	5 1	6 1	43	6 5	7 6
24	4 3	5 3	34	5 2	6 3	44	6 8	7 8

Clàr III.

Premiums Mhiosail—*le Buannachd.—A chinnteachadh £100 an ceann bliadhn' thair fhichead, aona bliadhn' deug thair fhichead, no aig bas mu thig e air an neach roimh' an àm sin.*

Aois air an ath latha breith.	31 Bliadhnachan.	21 Bliadhnachan.	Aois air an ath latha breith.	31 Bliadhnachan.	21 Bliadhnachan.	Aois air an ath latha breith.	31 Bliadhnachan.	21 Bliadhnachan.
	s. d.	*s. d.*		*s. d.*	*s. d.*		*s. d.*	*s. d.*
15	5 1	7 9	25	5 4	8 0	35	5 10	8 4
16	5 1	7 9	26	5 5	8 0	36	5 11	8 5
17	5 2	7 10	27	5 5	8 1	37	6 0	8 5
18	5 2	7 10	28	5 6	8 1	38	6 1	8 6
19	5 2	7 10	29	5 6	8 2	39	6 3	8 6
20	5 2	7 10	30	5 7	8 2	40	6 4	8 7
21	5 3	7 11	31	5 8	8 2	41	6 6	8 8
22	5 3	7 11	32	5 8	8 3	42	6 7	8 9
23	5 3	7 11	33	5 9	8 3	43	6 9	8 11
24	5 4	8 0	34	5 10	8 4	44	6 11	9 0

Edinburgh: T. and A. Constable, Printers to Her Majesty.